



Teisteanais
Nàiseanta
PÀIPEAR SAMPAILL

EP19/H/11

**Gàidhlig
Leughadh**
Gàidhlig
Reading

Latha — Gun bhuinteanas

Date — Not applicable

Ùine: — 1 uair agus 40 mionaid (moladh)

Duration — 1 hour 40 minutes

Comharran gu lèir — 30

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

Mura bi thu a' cleachdadh fianais bhon teacsa, feumaidh tu d' fhaclan fhèin a chleachdadh.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Tha leabhran nam freagairtean eile airson Sgrìobhadh. Cuiridh do fhreagairtean airson Sgrìobhadh anns an leabhran nam freagairtean airson Sgrìobhadh.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu na leabhraichean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



* E P 1 9 H 1 1 *

Mairead

5 Nuair a thàinig iad air ais a dh'fhuireach dhan Eilean, cheannaich iad taigh mòr le lios. Cha robh dìth airgid orra oir bha Murchadh air a bhith aig inbhe àrd sa Phoileas agus cha robh aca ach iad fhèin. Bha ise measail air an taigh ùr, agus bha Murchadh toilichte cuideachd oir bha e faisg air a' mhuir is bha e dèidheil air iasgach. 'S e aon rud a-mhàin a bha a' cur sgleò air am beatha ach cha bhiodh iad a' bruidhinn air a sin uair sam bith.

Thug iad am piàno dhachaigh leotha. Aon latha bha Anna na suidhe anns an lios agus Murchadh ag iasgach. 'S efeasgar brèagha samhraidh a bha ann agus a' ghaoth bhlàth a' sèideadh a falt.

Agus chuala i am piàno a' cluich.

10 Bha i cinnteach nach robh duine am broinn an taighe. Le a cridhe na h-uchd chaidh i a-steach don rùm. Ach cha robh duine aig a' phiàno.

Nuair a thàinig Murchadh dhachaigh dh'innis i dha dè thachair. "O, rinn thu dìreach norrag bheag," ars esan rithe, gu cinnteach. "Feumaidh gun do rinn," thuirt i. Ach cha robh i idir cho cinnteach.

15 An oidhche sin fhèin chaidh iad a chèilidh air nàbaidhean dhaibh. Cha do bhruidhinn iad air a' phiàno ach dh'fhaighnich Anna, anns a' ghuth-thàmh, "Cò bha anns an taigh romhainne?"

"Cha robh ach cailleadh a bha a' fuireach na h-aonar," arsa Tormod, an nàbaidh. "Carson?" "O, chan eil e gu diofar," fhreagair Anna gu sgiobalta.

20 Nuair a chaidh i fhèin agus Murchadh dhachaigh bha a' ghealach àrd anns an adhar agus an taigh sàmhach. Bha e a' coimhead neònach san t-solas gheal ud, mar gum biodh an taigh a' feitheamh. Stad i ga choimhead ach choisich Murchadh a-steach gun ghuth a ràdh.

An latha bha seo 's i na h-aonar anns an taigh a-rithist chuala i am piàno 's nuair a chaidh i a-steach dhan rùm bha nighean bheag le dreasa phinc oirre na suidhe aige. Chaidh i far an robh i agus thuirt i rithe, "Cò thu?" Sheall an nighean rithe agus fhreagair i, "Mairead".

Bha iad a' bruidhinn ri chèile ùine mhath nuair a thàinig Murchadh a-steach.

25 "Dè tha thu dèanamh an sin nad aonar?" thuirt e. "An ann a' cluich a' phiàno a bha thu?" "Cha b' ann." Smaoinich i nach innseadh i dha. Cha robh mac-meanmna sam bith aig Murchadh—'s e sin bu choireach gur e deagh phoileas a bha air a bhith ann.

"An do ghlac thu iasg an-diugh?" dh'fhaighnich i. Agus mar a b' àbhaist ghlac.

30 An ath latha agus Murchadh fhathast anns an taigh gun ghuth air falbh thuirt i ris, "Nach eil a thid' agad a dhol a dh'iasgach?" "Uill," ars esan, "thàinig e a-steach orm gun robh mi gad fhàgail nad aonar ro thrìc."

"Ist, amadain," ars ise, "tha mise ceart gu leòr far a bheil mi. Thalla thusa." Agus rinn e sin, a' toirt sùil oirre is e a' falbh leis an t-slait.

35 "Tha sinn a-nise nar n-aonar," ars ise ri Mairead nuair a dh'fhalbh Murchadh. "An aithne dhut danns?" Agus thòisich an dithis a' danns air feadh an rùm. "Tha mi an dòchas," ars ise, "nach fhàg thu tuilleadh." Le làmh Maireid na làimh fhèin bha i falbh air feadh an taighe, a' sealltainn nan rumannan dhi. "Seo an rùm agadsa," thuirt i rithe is i fosgladh doras. Bha feagal oirre gun tilleadh Murchadh oir gach uair a bha e tilleadh, bha Mairead a' falbh. Nan èireadh rudeigin do Murchadh, smaoinich i . . . ach chaisg i an smuain anns a' bhad.

40 Aon latha throid i rithe. "Nach tuirt mi riut gun bùrn a dhòrtadh air an làr," thuirt i. Ach an uair sin stad i agus shlìob i a falt.

Nuair a thàinig Murchadh dhachaigh thuir e, “Dè am bùrn a tha sin air an làr?” “O, dhòirt mi e nuair a bha mi nighe nan soithichean,” fhreagair i. Thug e sùil oirre ach cha tuirt e an còrr airson mionaid. Am poileas ud le iasg marbh na làimh! Bha Murchadh math air a bhith glacadh
45 iasg, smaoinich i, mar a bha e math air glacadh mhèirlich ron a seo.

Chaidh e null far an robh i agus thuir e, “Tha mi gad fhàgail nad aonar ro thrì. Rinn mi an aon rud ann an Glaschu.” Thug i sùil air. “Chunnaic mi an nighean bheag ud an-diugh,” thuir i an uair sin. “Agus lathaichean eile cuideachd.”

“Co ris a tha i coltach?” dh’fhaighnich e. “Tha dreasa bheag phinc oirre,” fhreagair i. “S e ise
50 a dhòirt am bùrn air an làr. Throid mi rithe.”

“Rinn thu an rud ceart,” thuir e.

Thug i sùil air le iongnadh. “Dè thuir thu?” “Gun do rinn thu an rud ceart.” An ceann ùine dh’fhaighnich i, “A bheil thu creidsinn gu bheil an nighean ann?”

“Ma tha thu ga coimhead tha i ann,” arsa Murchadh. Am poileas ud nach robh a’ fàgail càil gun
55 rannsachadh!

Shuidh iad a-muigh anns a’ ghrèin agus ise ag èisteachd.

“A-màireach,” thuir i, “feumaidh tu ionnsachadh dhomh mar a nì mi iasgach.” “Ceart gu leòr,” thuir e. Anns a’ mhionaid ud fhèin chual iad am piàno a’ cluich.

Ath-aithris air an sgeulachd, “Mairead”, le Iain Mac a’ Ghobhainn

Mura bi thu a' cleachdadh fianais bhon teacsa, feumaidh tu d' fhaclan fhèin a chleachdadh.

1. Ainmich dà rud a tha a' sealltainn gu bheil dòigh-beatha mhath aig Murchadh agus Anna a-nise. 2

2. Coimhead a-rithist air loidhnichean 6–13.
Tha piàno aig Anna agus Murchadh.
 - (a) Mìnich mar a bha Anna a' faireachdainn a' chiad turas a chuala i an ceòl piàno agus carson. 2
 - (b) Seall mar a tha an t-ùghdar a' toirt buaidh air ar faireachdainnean anns an earrainn seo den sgeulachd. Thoir iomradh air an dà chuid taghadh-facail agus structar-seantans. 2

3. Coimhead a-rithist air loidhnichean 14–20.
Tha Anna agus Murchadh a' cèilidh air nàbaidhean.
 - (a) Carson, nad bheachd, a dh'fhaighnich Anna dhan nàbaidh cò bha san taigh romhpa? 1
 - (b) Seall mar a tha an sgrìobhadair a' cruthachadh suidheachadh rudeigin neònach nuair a tha Anna agus Murchadh a' dol dhachaigh. Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air taghadh-facail, ìomhaigheachd no/agus caractar. 2

4. Coimhead a-rithist air loidhnichean 9–33.
A' cleachdadh eisimpleirean bhon teacsa air fad thuige seo, seall mar a tha an loidhne “cha robh mac-meanmna sam bith aig Murchadh” air a dhearbhadh. 3

5. Carson nach eil Murchadh a' falbh a dh'iasgach an latha an dèidh do dh'Anna an nighean fhaicinn an toiseach? 2

6. Coimhead a-rithist air loidhnichean 34–41.
Tha Mairead a' nochdadh a-rithist nuair a tha Murchadh air falbh a dh'iasgach. A' cleachdadh eisimpleirean bhon teacsa, seall na faireachdainnean agus na smuaintean aig Anna an seo. 3

7. Coimhead a-rithist air loidhnichean 42–45.
Mìnich mar a tha an sgrìobhadair a' dèanamh follaiseach gur e deagh phoileas a bh' ann am Murchadh. 2

8. Coimhead a-rithist air loidhnichean 46–53.

Dèan geàrr-chunntas air na tha tachairt agus na faireachdainnean eadar Anna agus Murchadh an seo. Na tagh ach am fiosrachadh as cudromaiche gus seo a dhèanamh. Cleachd na facail agad fhèin cho fad 's a ghabhas.

3

9. Coimhead a-rithist air loidhnichean 54–58.

“Am poileas ud nach robh a’ fàgail càil gun rannsachadh!”

(a) Mìnich na tha seo a’ sealltainn mun inntinn aig Murchadh.

2

(b) Seall mar a tha na faireachdainnean aig Anna air an dèanamh follaiseach anns an earrainn seo.

1

10. Dè a tha Anna a’ ràdh ri Murchadh a tha i dol a dhèanamh a-màireach?

1

11. Beachdaich air an sgeulachd air fad.

Beachdaich air na tha Mairead a’ riochdachadh anns an sgeulachd. Cleachd eisimpleirean/fianais bhon teacsa mar thaic dhan fhreagairt agad.

2

12. Seall dè cho èifeachdach 's a tha an deireadh mar chrìoch air an sgeulachd air fad. Dh’fhaodadh tu iomradh a thoirt air plota, caractar, ìomhaigheachd agus taghadh-facail, mar eisimpleir.

2

[CRÌOCH A’ PHÀIPEIR SAMPAILL]

Acknowledgement of Copyright

Extract is adapted from “Mairead” by Iain Crichton Smith. Reproduced by kind permission of Donald Henderson.



Teisteanais
Nàiseanta
PÀIPEAR SAMPAILL

EP19/H/11

**Gàidhlig
Leughadh**
Gàidhlig
Reading

Marking Instructions

These Marking Instructions have been provided to show how SQA would mark this Exemplar Question Paper.

The information in this publication may be reproduced to support SQA qualifications only on a non-commercial basis. If it is to be used for any other purpose, written permission must be obtained from SQA's Marketing team on permissions@sqa.org.uk.

Where the publication includes materials from sources other than SQA (ie secondary copyright), this material should only be reproduced for the purposes of examination or assessment. If it needs to be reproduced for any other purpose it is the user's responsibility to obtain the necessary copyright clearance.

General marking principles for Higher Gàidhlig Reading

This information is provided to help you understand the general principles you must apply when marking candidate responses to questions in this paper. These principles must be read in conjunction with the detailed Marking Instructions, which identify the key features required in candidate responses.

- (a) Marks for each candidate response must **always** be assigned in line with these general marking principles and the detailed Marking Instructions for this assessment.
- (b) Marking should always be positive. This means that, for each candidate response, marks are accumulated for the demonstration of relevant skills, knowledge and understanding: they are not deducted from a maximum on the basis of errors or omissions.
- (c) Candidates should gain credit for their understanding of the ideas of the passage, and their analysis and evaluation of the writer's use of language.
- (d) Candidates should use their own words as far as possible, unless the candidate is discussing or analysing a quotation.
- (e) Other answers can be accepted than those in the Marking Instructions as long as they are relevant and appropriate. We use the term "Freagairt iomchaidh eile" to allow for the possible variation in candidate responses. Credit should be given according to the accuracy and relevance of candidate's answers.
- (f) In the final question candidates should be rewarded for their ability to infer and summarise the ideas of the whole text.
- (g)
 - i) For questions that ask candidates simply 'Carson...', candidates must give a brief, accurate response/name.
 - ii) For questions that ask candidates to 'Minich...' or ask 'Ciamar...', candidates must relate cause and effect and/or make relationships between things clear.
 - iii) For questions that ask candidates to 'Seall mar a tha...', candidates must identify features of language and discuss their relationship with the ideas of the passage as a whole. Features of language might include word choice, imagery, tone, sentence structure, punctuation, sound techniques, and so on.
 - iv) For questions that ask candidates 'Carson, nad bheachd...', candidates must make a personal judgement based on the text and task.

The following notes are offered to support markers in making judgements on candidates' evidence.

Marking Instructions for each question
 Stiùiridhean Comharrachaidh
 Leughadh airson Tuigsinn, Mion-Sgrùdadh is Luachadh

Sgeama ceartachaidh

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
1		<ul style="list-style-type: none"> • Tha taigh mòr aca; • tha cothrom aig Murchadh a bhith ag iasgach; • tha airgead gu leòr aca <p><i>Aon chomharra an urra airson dhà sam bith de na puingeann seo.</i></p>	2	
2	a	<ul style="list-style-type: none"> • Tha an t-eagal oirre • oir chan eil duine san taigh ach i fhèin. 	2	
2	b	<ul style="list-style-type: none"> • Tha e an toiseach a' toirt dhuinn dealbh air suidheachadh sìtheil/sèimh le bhith ag ràdh gur e "feasgar brèagha samhraidh" a bh' ann no/agus "a' ghaoth bhlàth a' sèideadh a falt"; • tha an rud a thachair air innse ann am paragraf leis fhèin (ann an seantans gu math goirid) a tha a' cur barrachd dhaingeachadh air. 	2	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
3	a	<ul style="list-style-type: none"> • 'S dòcha gun robh manadh anns an taigh/freagairt iomchaidh eile. 	1	
3	b	<ul style="list-style-type: none"> • Tha tuairisgeul den ghealach “àrd anns an adhar” mar gu bheil i a' coimhead sìos orra no a' cumail sùil air Anna gu sònraichte. • Tha an taigh cuideachd “sàmhach” mar gu bheil e beò ann an dòigh/pearsanachadh air a chleachdadh. • Tha am beachd seo a' leantainn air adhart nuair a tha an ìomhaigheachd /taghadh-facail “mar gum biodh an taigh a' feitheamh”. • Leis a' ghealaich, tha e mar gu bheil iad uile dol a dhèanamh rudeigin dhaibh no a' bagairt orra. • Tha an dath geal a' cur thaibhsean/manaidhean nad inntinn. • Tha e mar gu bheil Anna air a beò-ghlacadh leis an taigh agus i na seasamh a' coimhead air. • Chan eil Murchadh ag ràdh càil rithe mar a bhiodh tu an dùil. Tha e dìreach a' coiseachd a-steach “gun ghuth a ràdh”. <p><i>Aon chomharra an urra airson dhà sam bith de na puingeann seo.</i></p>	2	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
4		<ul style="list-style-type: none"> • Tha e a' faicinn a h-uile càil ann an 'dubh agus geal'/tha freagairt ceart ann dhan a h-uile càil • oir tha e a' ràdh gur e brudar a bha anns a' cheòl piano agus gun do thuit i na cadal • Chan eil e a' faicinn càil mì-àbhaisteach mun taigh ann an solas na gealaich/tha e coiseachd a-steach • 'S e poileas a bh' ann agus dh'fheumadh a h-uile càil a bhith ceart, cha robh feum air mac-meanmna na obair • Tha Anna a' dèanamh an co-dhùnadh gun a ràdh gun cuala i am piano – feumaidh gu bheil fios aice nach biodh e gu feum air sgàth 's gu bheil iad air a bhith còmhla cho fada/tha i glè eòlach air <p><i>Aon chomharra an urra airson trì sam bith de na puingeann seo.</i></p>	3	
5		<ul style="list-style-type: none"> • Tha dragh air mu deidhinn/chan eil e airson a fàgail leatha fhèin • tha e feuchainn ri faighinn a-mach dè a thachair 	2	
6		<ul style="list-style-type: none"> • Tha e mar gu bheil Anna a' feitheamh ri Murchadh falbh gus an nochd Mairead • nuair a tha i ag ràdh "thalla thusa" agus chan eil i airson gum fuirich e • Tha e a' còrdadh rithe gu bheil Mairead ann • tha iad a' dannsa agus tha i toilichte • Chan eil Anna airson gum falbh Mairead 's dòcha gu bheil i aonaranach no tha i ga dèanamh toilichte. • Tha i ag ràdh "tha mi an dòchas nach fhàg thu tuilleadh" 	3	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
		<ul style="list-style-type: none"> • Chan eil i airson gun till Murchadh oir nuair a tha e a' tilleadh, tha Mairead a' falbh • tha i fiu 's a' smaoinichadh gum b' urrainn do rudeigin tachairt dha agus gum biodh Mairead còmhla rithe fad an t-siubhail • Bha i feargach do Mhairiad aon latha agus an uair sin laghach dhi a' sliobadh a falt • tha e mar gu bheil Mairead mar leanabh aice <p><i>Aon chomharra an urra airson trì sam bith de na puingeann seo.</i></p>		
7		<ul style="list-style-type: none"> • Tha e a' faighneachd mun uisge air an làr, rud a tha, 's dòcha a' sealltainn gu bheil e ag iarraidh a h-uile càil fhaighinn a-mach (ach chan eil e a' creidsinn Anna nuair a tha e ag ràdh "thug e sùil oirre ach cha tuirt e an còrr".) • Tha e cuideachd a' smaointinn gu faiceallach mus tig e gu co-dhùnadh. <p>NO</p> <ul style="list-style-type: none"> • Tha an ìomhaigh de Mhurchadh na sheasamh le iasg na làimh a' sealltainn gu bheil e soirbheachail san obair aige • chan eil dol às aig rud sam bith/ cha stad e gus am faigh e na tha e ag iarraidh. <p>NO</p> <ul style="list-style-type: none"> • Tha e ag ràdh mar a bha Murchadh soirbheachail a' glacadh mhèirlich • dìreach mar a tha e math an-diugh a' glacadh èisg. 	2	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
8		<ul style="list-style-type: none"> • Tha Murchadh a' faireachdainn ciontach oir tha e a' fàgail Anna leatha fhèin cus mar a rinn e ann an Glaschu nuair a bha e ag obair. • Tha e ag èisteachd rithe agus na tha aice ri ràdh mu Mhairead agus a' tuigsinn mar a tha i a' faireachdainn. • Tha e a' cur iongnadh air Anna gu bheil Murchadh ag èisteachd rithe agus a' dol leis na tha i ag ràdh. 	3	
9	a	<ul style="list-style-type: none"> • Cha ghabh e ri càil mar a tha e. • Feumaidh e adhbhar airson a h-uile rud/bidh e a' ceasnachadh a h-uile rud. • Tha e a' smaoinachadh mar phoileas fhathast. • Tha e amharasach mun a h-uile duine. <p><i>Aon chomharra an urra airson dhà sam bith de na puingeann seo.</i></p>	2	
9	b	<ul style="list-style-type: none"> • Tha clisg-phuing air a cleachdadh a tha a' sealltainn gu bheil e a' cur iongnadh oirre gu bheil e a' gabhail ris an rud a thuir i gun cheist. 	1	
10		<ul style="list-style-type: none"> • Ionnsachadh mar a nì i iasgach 	1	
11		<ul style="list-style-type: none"> • Nighean nach robh aice/nighean a chaill i/ toileachas nach eil na beatha an-dràsta/freagairt iomchaidh eile • Taic bho eisimpleir/fianais me dh'fhaodar togail air "an aon rud a-mhàin a bha a' cur sgleò air am beatha" aig loidhne 4-5 	2	

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
12	<p>Dh'fhaodadh oileanaich a bhith ag ràdh gun robh an deireadh èifeachdach no nach robh.</p> <p>Plota/Caractar</p> <ul style="list-style-type: none"> • Tha toileachas a-nis anns a' bheatha aig Anna. Chan eil i dol a bhith aonaranach no leatha fhèin mar a bha i anns a' chòrr den sgeulachd far an robh i a' bruidhinn ri Mairead agus a' cluinntinn a' phiàno. • Tha Anna a' dol a dh'iasgach còmhla ri Murchadh agus cha bhi i aonaranach, far an robh esan a-mhàin a' dol roimhe. <p>Ìomhaigheachd</p> <ul style="list-style-type: none"> • Tha am piano aig an deireadh cuideachd mar ìomhaigh a' sealltainn an toileachais a tha a-nis anns a' bheatha aig Anna agus tha an dithis aca a' cluinntinn a' phiàno seach Anna a-mhàin. <p>Taghadh-facail</p> <ul style="list-style-type: none"> • Tha "ionnsachadh dhomh" - a' toirt a' bheachd air tòiseachadh rudeigin ùr mar a tha an càirdeas ùr eadar Anna agus Murchadh. <p><i>Aon chomharra an urra airson dhà sam bith de na puingeann seo.</i></p>	2	<p>Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a' sgrìobhadh cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a' sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist.</p> <p>Tha còir aig oileanaich a bhith a' toirt eisimpleir agus a' sealltainn mar a tha e a' toirt taic don phuing aca.</p> <p>Tha stiùireadh air an làimh chli air na bhiodh freagarrach mar fhreagairtean.</p>

[END OF EXEMPLAR MARKING INSTRUCTIONS]

Published: January 2016

Change since last published:

Reading and Writing paper has been split into two separate question papers. No change to content or examination timings.